TEARUINTEACHD,

CINNTE, AGUS AOIBHNEAS.

[*From the English by Permission of the Author.*]

MA'S CREIDMHEACH THU *C'arson nach 'eil thu cinnteach mu thearnadh?* MA THA THU TEARUINTE, *C'arson nach 'eil thu aoibhneach?*

DRUMMOND'S TRACT DEPOT,
STIRLING.

PRICE, ONE PENNY.

"CO AM BUIDHEANN MAILLE RIS AM BHEIL THU GABHAIL DO THURUIS?"

NACH tric a tha a cheisd so 'g a cuir! Leig dhomh a cuir *riutsa* fhir-leughaidh, oir is ro chinnteach gu bheil thu air do thurus —a' triall o *thìm* gu *siorruidheachd*, agus co aig tha fios ciod e cho ro-dhlùth sa tha thu ris a CHRIOCH MHOIR aig an dearbh mhionaid so?

Ceadaich dhomh mata, anns an uile chaomhalachd a cheisd a chuir riut, "*Co am buidheann leis am bheil thu gabhail do thuruis?*" Cha 'n 'eil ann ach tri buidheannan. Leig dhomh an cuir an céill, chum 's gum feud thu thu féin a chur gu dearbhadh mar ann am fianuis "*an Ti ris am bheil agad r'a dheanamh.*"

1. An ceud *bhuidheann*, Iadsan a tha air *an tearnadh* agus *fios aca gu bheil.*

2. An dara *buidheann*, Iadsan nach 'eil *cinnteach* mu Thearnadh ach a tha *fior churamach* gu 'm biodh iad sin.

3. An treas *buidheann*, Iadsan nach e amhàin a tha as *easbhuidh tearnaidh* ach a tha *coma co dhiubh mu thimchioll.*

Tha mi a' cuir na ceisd as ùr, "*Co am buidheann leis am bheil thu gabhail do thuruis?*" Ciod an cuthach a th' ann *a bhi coma co dhiubh* 'n uair a tha nithe sìorruidh air no dheth! Cha 'n 'eil ach beagan ùin' o thàinig duine na dheannan gu *station* baile ann an Sasunn le saothair mhòr analach, a gabhail àite ann an carbaid 'n uair a bha an *train* ach beag a gluasad. "Ruith thu gu maith dlùth e," arsa fear de 'n luchd-turuis. "Ruith," ars' esan, le anail gu mòr 'n a uchd, "ach chaomhain mi *ceithir uairean a dh' uin'*, agus *'s maith is fhiach sin ruith air a shon.*"

"Ceithir uairean air an caomhanadh!" arsa mise rium féin, "*ceithir uairean*" a toilltinn

LIBRARY OF
D
30 MY

na spàirne cruaidhe a bha sud! agus ciod mu 'n t-Sìorruidheachd? Ciod mu 'n t-Sìorruidheachd? agus gidheadh nach 'eil na mìltean de dhaoine toinisgeach, geur-fhradharcach a tha au tarruing gu h-iasgaidh agus gu seòlta ri 'n gnothaichean aimsireil ach a tha tur dall do 'n t-Sìorruidheachd a tha romhpa? Dh' aindeoin gràdh neo-chriochnach Dhé do cheannairceich, ga thaisbeanadh air Calbhari; dh' aindeoin fhuath do pheacadh; dh' aindeoin giorrad beath' an duine an so; dh' aindeoin uamhasan a bhreitheanais a teachd an déigh a bhàis, agus a chunnaird a bhi dùsgadh suas fa dheòidh leis a mhothachadh do-ghiulanta gum bheil e air taobh na h-Ifrinn de 'n doimhne mhòir ,tha an duine ruith air aghart chum na criche seirbhe; mar nach biodh Dia idir ann, no bàs, no breitheanas, no flaitheanas, no Ifrinn! Am bheil thu, fhir-leughaidh, de 'n t-seòrsa so? Agus ma tha, gu 'n deanadh Dia tròcair ort, agus gu 'n deanadh E do shùilean fhosgladh air do shuidheachadh cunnardach, a seasamh mar a tha thu air bruaich na dòruinn sìorruidh!

A charaid, eadar gun creid no nach creid thu e, tha do shuidheachadh ro chunnardach! Na cuir dàil nis fhaide ann an smuaineachadh mu 'n Bhithbhuantachd. Cuimhnich gu bheil dàil cosmhuil ris-san a tha ga d' mhealladh leis, na *mhearleach* agus cha 'n e sin amhàin ach na *mhortair* mar an ceudna. A measg nan Spàineach tha gnàth-fhocal anns am bheil mòr bhrìgh, "an rathad *beagan-an-deigh-so*, tha e treòrachadh do 'n bhaile *Cha-dean-gu-brath*." Guidheam ort fhir-leughaidh ged nach aithne dhomh thu, na gabh ceum air an rathad so tuille. "'Se *A NIS* là na Slàinte."

"Ach," arsa neach, "cha 'n 'eil mise *coma co dhiubh* mu mhaith m' anaim." Tha *mo thrioblaid* mhòr-sa paisgte suas ann am focal eile—

Neo-chinnteachd;

's e sin ra ràdh, tha mi measg an dara buidhconn air am bheil thu a labhairt."

Ro mhath, fhir-leughaidh, ach a bheil thu 'toirt fainear gur e neo-chùram agus neochinnteachd sliochd an aon athar, 'se sin *an t-ana-creidimh?* Tha an neo-chùram a' sruth-

adh o ana-creideamh do thaobh peacadh agus sgrios an duine, agus neo-chinnteachd o ana-creideamh do thaobh ioc-shlaint' rìoghail Dhé *airson* an duine. 'S ann gu sònruichte airson anama a tha 'g iarraidh gu dùrachdach fa chomhair Dhé a bhi *lan chinnteach agus a muigh 's a mach* CINNTEACH *dhe an tearnadh* a chaidh na duilleagan so a sgriobhadh. Tha mi tuigsinn ann an tomhas math do throm-thrioblaid anama, agus tha mi dearbhta mar is mo a tha thu ann an spàirn mu 'n ghnothach ro-chudthromach so gur h ann is mo a bhios do thart gu bhi faotainn cinnte gu bheil thu da rireadh agus gu siorruidh air do thearnadh, "Oir ciod an tairbhe do dhuine, ged a chosnadh e an saoghal gu h-iomlan agus 'anam a chall." Tha athair gràdhach an sud agus aon mhac na mharaiche. Thàinig sgeul gun deach an long anns an robh e a chall ann an cearnaidh fad as. Co a tharras a bhi tuigsinn iomaguin a phàranta gus am bheil e faotainn fios cinnteach gu 'm bheil a mhac slàn fallain?

Gabh samhladh eile, tha thu astar fada o d'

dhachaidh. Tha 'n oidhche dorch', gailbheach agus tha thu tur-aineolach air an t-slighe. Tha thu a d' sheasamh far am bheil dà rathad a dealachadh 'n a dha mheur o chéile; tha neach a gabhail seachad agus tha thu cuir na ceisde "co aca de 'n da rathad so a bheir mise gu leithid so do bhaile." Tha mi '*n duil* gur e so e agus tha mi '*n dochas* gu 'm bi thu ceart ma ghabhas tu e. An deanadh "*duil*" agus "*dochas*" agus "*maith dh' fhaoidte*" do riarachadh anns a chàs so? Tha fhios nach deanadh. Feumaidh *cinnte* a bhi agad, oir mur bi 's ann a bhios na h-uile ceum a tha thu gabhail a meudachadh d' iomaguin. Ciod an t-iongantas mata gu 'm bheil cuid gun chomas a bhi 'g itheadh am biadh no a bhi a codal na h-oidhche 'n uair a tha iad a gabhail a steach gu bheil slàinte shìorruidh an anaim air a mheidh.

"Call do mhaoin, cha bheag an call,
Is mò na sin call do shlàint',
D' anam a chall 's e call cho mòr,
'S nach gabh e leasachadh gu bràth."

A nis, fhir-leughaidh ionmhuinn, tha trì

nithe a dh' iarrainn a dheanamh soilleir dhuit tre chòmhnadh an Spioraid Naoimh, agus 'gun cuir ann am briathra Sgriobturail is iad so iad:

Slighe na Slainte. Gniomh. xvi. 17.

Eolas na Slainte. Luc. i. 77.

Gairdeachas na Slainte. Sailm li. 12.

Saoileam gu 'm faic sinn ged a tha na nithe so dlùth-cheangailte r' a chéile, gu bheil gach aon diubh a' seasamh air bonn eadar-dhealaichte air dhòigh 's gu 'm faod eòlas na slàinte bhi aig neach agus gidheadh e bhi as easbhuidh *fìor chinnte gu bheil e fein air a thearnadh*; no air an laimh eile *fios a bhi aige gu bheil e air a thearnadh*, agus a bhi as easbhuidh seilbh gu daonnan air a ghàirdeachas bu chòir a bhi còmhla ris an eòlas sin.

1. Anns a' cheud àite, mata, leig dhomh labhairt riut gu goirid mu *SHLIGHE NA SLAINTE.*

Fosgail do Bhiobull agus leugh gu cùramach Ex. xiii. 13. agus gheibh thu an sin na briathran so á bilean Iehobhah. "*Gach ceud-ghin asail fuasglaidh tu le h-uan;* agus mur *fuasg-*

ail thu e, AN SIN BRISIDH TU AMHACH: *agus gach ceud-ghin duine a' measg do chloinne fuasglaidh tu.*"

A nis thig air ais maille rium 'n ad smuain agus dearc air sealladh trì mìle bliadhna roimh so. Tha dithis dhaoine an sud, (aon de shagartan an Dé bheo, agus Israeleach bochd) agus éisd ri 'n co-labhairt dùrachdach r' a chéile. Seasamaid agus cluinneamaid an còmhradh mu thimchioll ni cudthromach agus cha 'n 'eil e duilich a thogail gu 'm bheil an còmhradh mu thimchioll loth asail a tha seasamh air chrith an taice riu.

"Thàinig mi dh' fhaicinn," arsa 'n t-Israelcach bochd, "am faodar gabhail seachad orm gu h-iochdmhor air son an t-aon uair so. An lothag dhìblidh so 's i ceud-ghin m' asail i, agus ged is aithne dhomh ro mhath na tha lagh Dhé ag ràdh mu thimchioll na cùise tha dòchas agam gu 'm bi iochd air a dheanamh agus beath' 'an lothaig air a caomhanadh. Cha 'n 'eil annam ach duine bochd ann an Israel agus cha 'n 'eil e furasda dhomh call an lothaig a ghiùlan.'

"Ach," ars' an sagart gu diongmholta, "tha lagh an Tighearna soilleir agus so-thuigseach 'GACH *ceud-ghin asail fuasgailidh tu le h-uan agus mur fuasgail thu e brisidh tu amhach.*" C' àit' am bheil an t-uan?"

"Mo thruaighe, cha 'n 'eil uan agam!"

"Mata, gabh romhad agus ceannaich uan agus thig air d' ais; oir mur d' thig feumar amhach an lothaig a bhriseadh. Feumaidh e bhith gu 'm bàsaich *an t-uan no 'n lothag.*"

"Mo thruaighe mata," ars' an duine bochd, "tha mo dhòchas air fàilneachadh oir tha mo chrannchur cho cumhann 's nach ruig mi air chor sam bith air uan a cheannach."

Anns a chàs a bha so thàinig an treas neach do 'n ionnsuidh agus 'n uair a chual e sgeul mhuladach an duine bhochd thionndaidh e ris agus thubhairt e gu bàigheil, "Biodh deadh mhisneach agad, ruigidh *mise* air t-uireasbhuidh a leasachadh. Tha againn ann ar tigh air mullach a' chnuic ud shuas, aon uan beag a chaidh àrach aig bun an teallaich, 'uan gun spot 's gun smal.' Cha deach e riamh air seach-

ran o 'n fhàrdaich. Tha e ro mhuileach (agus 's math a thoill e sin) aig na h-uile anns an tigh. Bheir mi leam an t-uan a tha so air do shon." Sud e nis a dìreadh an leothaid. Chi thu e a dh' aithghearr a treòrachadh gu sèimh an t-uanan maiseach muileach leis an leathad agus ann am beagan ùin' tha 'n t-uan agus an lothag a seasamh taobh ri taobh.

An sin ceanglar an t-uan ris an altair, tha fhuil air a dòrtadh agus an teine 'g a losgadh suas.

Tha 'n sagart nis a tionndadh ris an duine bhochd agus ag ràdh, "Faodaidh tu a nis do lothag a thoirt dachaidh leat ann an tearuinteachd, le amhach slàn an àite bhi briste. *Bhàsaich an t-uan an àite an asail,* agus uime sin tha 'n *asal saor a reir ceartais.* Tha thu fo chomain do d' charaid."

A nis, anam iomaguinich, nach faod thu fhaicinn an so dealbh Dhé fhéin de thearnadh a pheacaich. An lorg do pheacaidh 's e agartas an lagha d' amhach a bhi briste. 'S e sin breitheanas Dhé air do cheann ciontach féin no

urras air a chomharachadh agus air ullachadh le Dia a bhi bàsachadh air do shon.

Cha 'n 'eil *thusa* comasach air éiric fhaotainn air do shon fhéin ach ann am pearsa mac a ghràidh dh' ullaich Dia *e fein* an t-Uan, "Feuch *Uan Dé*," arsa Eoin r'a dheisciobluibh 'n uair a thuit a shùile air an aon naomh gun spot "tha toirt air falbh peacannan an t-saoghail." Eoin i. 29.

Air aghaidh a dh' ionnsuidh Chalbhari thriall e "mar uan a dh' ionnsuidh a chasgraidh," agus an sin dh' fhuiling e "am fìrean air son nan neo-fhìrean chum 's gu 'n tugadh e sinne gu Dia." 1 Pead. iii. 18. "*Thugadh thairis e air son ar cionta,* agus thogadh suas e a ris air son ar fìreanachaidh." Rom. iv. 25. Tha e soilleir mata nach 'eil Dia leagadh sìos aiteal de a chòirichean cothromach agus naomha an aghaidh peacaidh 'n uair a tha e a fìreanachadh ('s e sin saoradh o chionta) a pheacaich neo-dhiadhaidh a tha creidsinn ann an Iosa. Beannaichte gu robh Dia air son a

leithid so a Shlànuighear agus air son a leithid so a shlàinte!

"AM BHEIL THU CREIDSINN ANN AM MAC DHE?"

"Mata tha so agam ri aideachadh gu 'n d' fhuair mi ANN-SAN mar pheacach air mo dhìteadh cuspair anns am faod mi earbsa le tearuinteachd. THA mi a creidsinn ann."

"Tha so agamsa mata ri ràdh riutsa gu 'm bheil Dia meas dhuit làn luach iobairt-san agus a bhàis mar a tha a luach aithnichte dha fhéin, ceart dìreach mar gu 'm bitheadh so uile air oibreachadh leat féin."

Oh, nach iongantach an rathad slàinte tha so! Nach mòr e, nach òirdhearc e, nach coltach ri Dia e, nach airidh e air Dia. Riarachadh d' a chridhe gràidh féin, glòir d' a mhac ro òirdhearc agus tearnadh a pheacaich ceangailte suas maille r'a chéile! ceanglachan de ghràs agus de ghlòir! Beannaichte gu robh Dia agus Athair ar Tighearna Iosa Criosd a rinn òrduchadh air a leithid do dhòigh 's gu 'n deanadh a Mhac gràidh féin an obair uile agus gu

sealbhaicheadh e a ghlòir uile agus gu'm biodh tusa 's mise, truaghain bhochd, chiontach a faotainn cha 'n e mhàin a bheannachd uile ach a sealbhachadh comunn an Tì a tha 'g ar beannachadh gu saoghal nan saoghal. "Oh, molaibh an Tighearna leam agus àrdaicheamaid ainm le chéile." Salm xxxiv. 3.

Ach theagamh gu 'm faod a cheisd éiridh, "*Nuair a tha e fior nach'eil mi 'g earbsa annam fein no ann am oibre fein ach gu 'm bheil mo mhuinghin gu h-iomlan ann an Criosd agus na obair-san, c'arson a ta e tachairt nach'eil mi cinnteach do m' thearnadh.* Their thu, "Ma tha *m' fhaireachduinn* a toirt comas dhomh an diu a bhi co dhunadh gu bheil mi air mo thearnadh, am màireach maith dh' fhaoidte tha mo dhòchas air chall, agus tha mi ro chosmhuil ri long air a luasgadh leis na tonnaibh agus gun aon acair a gabhail greim." Ah! *sin* far am bheil do mhearachd. Co chuala riabh sgiobair ag iarraidh acarsaid le bhi tilgeadh acair *an taobh a stigh* do 'n luing? *Is ann an comhnuidh am muigh a tha e 'g iarraidh greim.*

Theagamh gu 'm bheil thu a gabhail a steach gu soilleir gur e *bàs Chriosd amhain* a tha toirt TEARUINTEACHD ach gu 'm bheil *thu smuaineachadh* gur e *na tha thu faireachduinn a tha toirt* CINNTEAS.

Nis gabh do Bhìobull a ris oir tha mi air son gu 'm faiceadh tu o fhocal Dhé cia mar a tha e toirt do dhuine *eolas mu thearnadh.*

EOLAS NA SLAINTE.

Mu 'n toir thu sùil air an earraimn air am bheil mi gu iarraidh ort a bhi beachdachadh gu ro chùramach, a tha labhairt mu thimchioll AN DOIGH anns am bheil creidmheach gu bhi 'G AITHNEACHADH GU 'M BHEIL a Bheatha Mhaireannaich aige, cuiream a brìgh anns a chruth mhearachdach anns am bi inntinn an duine 'g a cuir gu tric. "*Na faireachdaidhean sona so* thug mi dhuibh a tha creidsinn ann an ainm Mhic Dhé, chum 's gu 'n aithnich sibh gu bheil a bheatha mhaireannach agaibh." Nis fosgail do Bhìobull agus 'n uair a tha thu co-charadh so ri focal beannaichte agus neochaochlaideach Dhé gu 'n d' thoireadh e ort a

ràdh o d' uile chridhe maille ri Daibhidh, "*Is fuath leam smuainte faoine* ach *is toigh leam do lagh.*" Salm cxix. 113.

An earrainn a chuir mi sios ann an cruth dochar 's i an treas earrainn deug de 'n chuigeamh caibdeil de cheud litir an Abstoil Eoin agus is so mar a ta i, "Na nithe so SGRIOBH MI do 'ur n-ionnsuidh-sa a tha creidsinn ann an ainm Mac Dhé chum 's gu 'm bi FIOS agaibh gu 'm BHEIL a *bheatha mhaireannach* agaibh."

Cia mar thàinig ceud-ghin mic nam mìltean a dh' Israel gu bhi làn chinnteach gu 'n robh iad tearuinte air oidhche na Càisge agus air oidhche breitheanais na h-Eiphit? Tadhalamaid air dhà de 'n tighean agus cluinneamaid ciod a th' aca ri ràdh.

A cheud tigh anns am bheil sinn a dol a steach tha sinn 'g am faotainn uile air chrith le h-eagal agus teagamh.

Ciod is ciall do 'n bhàineachd agus do 'n eagal so uile? tha sinn a feòrachadh; aisa 'n ceud-ghin mic, tha aingeal a bhàis gu teachd air feadh na tìre agus cha 'n 'eil mi idir cinnt-

each cionnus a théid cùisean leam aig an àm shòluimte sin.

"'*N uair a ghabhas aingeal na sgrios seachad*" deir e, "*air an tigh, agus a bhios oidhche a bhreitheanais thairis* bithidh *fios agam an sin* gu bheil mi tearuinte; ach cha 'n aithne dhomh cia mar a their mi gu bheil mi cinnteach a mo bheatha gu sin. Tha iad ag ràdh 's an ath dhorus GU BHEIL iad cinnteach de thearnadh, ach tha sinne de 'n bharail gu bheil sin *an-abarrach andana.* An t aon ni a tharas *mise* a dheanamh, 's e bhi caitheamh na h-oidhche fhada dhubhaich so *le suil ris a chuid is fearr.*"

"Ach nach d' ullaich Dia Israel rathad tearuinteachd d' a shluagh?"

"Dh' ullaich da rìreadh agus chleachd sinn na meadhonan a dh' ullaich e. Chaidh fuil an uain de 'n cheud bhliadhna gun spot agus gun ghaoid a chrathadh leis a bhad hissop air an àrd dorus agus air an dà ursainn, ach an déigh sin cha 'n 'eil sinn gu tur cinnteach gu'm bi sinn air ar dion."

Fàgamaid a nis an fheadhainn theagamhach,

thrioblaideach so agus rachamaid a steach do'n ath thigh. Leithid a dh' eadar-dhealachadh! Tha sìth a snàmh air gach gnùis. Tha iad 'n an seasamh le leasraidh crioslaichte, am bata 'n an laimh agus ag itheadh an uain a chaidh ròstadh.

Ciod is *ciall* do 'n t sàmhchair so uile air oidhche cho sòluimte? "Ah," ars' iad uile, "cha 'n 'eil sinn ach a feitheamh òrdugh Iehobhah gu ar turas a ghabhail agus an sin gabhaidh sinn ar cead deireannach de shlat an-iochdmhor an fhir-riaghlaidh agus a dh' uile bhraighdeanas na h-Eiphit."

"Ach tàmh oirbh! am bheil sibh a dichuimhneachadh gur h i so oidhche breitheanas na h-Eiphit?"

"'S maith is aithne dhuinn sin, ach tha ar ceud-ghin-sa làn thearuinte. Chaidh an fhuil a chrathadh a réir toil ar Dé."

"Ach rinneadh sin mar an ceudna 's an ath thigh dhuibh agus gidheadh tha iad uile neo shuaimhneach a thaobh 's nach 'eil cinnte aca gu bheil iad tearuinte."

"Ah," ars' an ceud-ghin gu diongmholta, "THA NI'S MO AGAINN NA AN FHUIL AIR A CRATHADH, tha againn FACAL NEO MHEARACHDACH DHE AIR A SHON. Thubhairt Dia 'n uair a *chi* mi an *fhuil* gabhaidh mi seachad oirbh. *Tha Dia riaraichte* leis *an fhuil air an taobh a muigh*, agus *tha sinne riaraichte le fhocal-san a stigh.*"

Tha an *fhuil air a crathadh* 'g ar fàgail TEARUINTE—tha am *facal a chaidh labhairt* 'g ar fàgail CINNTEACH.

Am bheil ni air thalamh a b' urrainn ar fàgail *ni 's tearuinte* na 'n *fhuil air a crathadh* no ni 's cinntiche na fhacal san a chaidh a labhairt? *Cha 'n 'eil, cha 'n 'eil.*

Nis, fhir-leughaidh, leig dhomh ceisd a chur RIUTSA. "*Ciod an tigh dhiubh sud bu tearuinte?*"

Am bheil thu 'g ràdh an dara tigh far am bheil iad uile cho sìothail? Mata, tha thu clìth. *Bha iad 'n an dithis tearuinte maraon.* Tha an *tearuinteachd* an crochadh ri smuaintean Dhé mu 'n *fhuil a muigh*, agus cha 'n ann ri 'm *faireachduinn-sa* air an *taobh a stigh.*

Fhir-leughaidh ionmhuinn, ma tha thusa gu bhi cinnteach á do bheannachadh féin, na bi 'g éisdeachd ri faireachduinn neo-sheasmhach o 'n leth stigh ach ri fianuis neo-mhearachdach Dhé. "Gu deimhin, deimhin tha mi 'g ràdh ribh, esan a tha creidsinn *Annamsa,* THA a bheatha mhaireannach aige." Eoin vi. 47.

Bheir mi soilleireachadh dhuit air so, o ghnothuichean na beatha so a ta làthair. Tha tuathanach àraidh an so air an dùthaich aig nach 'eil gu leòir a dh' fheur air son a spréidh. Tha mìr a dheadh thalamh feòir faisg air a thigh a chuala e a tha ri thairgse air màl; agus chuir e litir 'g a iarraidh. Car ùine cha d' fhuair e fios freagraidh, ach thàinig coimhearsnach a steach la eigin a thubhairt, "Tha mi dearbh chinnteach gu 'm faigh thu an raon. Nach 'eil cuimhne agad air tiodhlaic chòir a chuir e thugad air an Nollaig mu dheireadh. agus mar a ghog e a cheann riut an là roimhe as a charbad 's an dol seachad?" Agus le briathran de 'n t-seòrsa so tha inntinn an tuathanaich air a lionadh le dòchas suilbhireach.

An ath là co choinnich ris ach coimhearsnach eile. "Tha eagal orm," ars' esan, "nach eil dad do cholltas g' am faigh thu 'm feur a tha sud. Chuir a leithid so do dhuine steach air a shon agus tha fhios agad féin gu bheil an t-uachdaran agus e féin gle mhòr aig a chéile —seadh bithidh e dol a thaghal air gu tric." Tha dòchas an tuathanaich bhochda air a thilgeadh bun os cionn. An diugh tha e làndhòchasach ach an ath la làn a dh' amharusan.

Mu dheireadh thall thàinig am *Post* agus thòisich cridhe an tuathanaich air plosgartaich air dha bhi bristeadh seula na litireach, oir tha e 'g aithneachadh o 'n làimh-sgrìobhaidh gur ann o 'n uachdaran a tha i. Gabh beachd air a ghnùis ag atharrachadh o iomaguin gu gàirdeachas mar a tha e leughadh na litireach a ris agus a ris.

"*Tha e nis suidhichte,*" ars' esan r' a mhnaoi; "cha 'n 'eil *teagamh* no *amharus* tuilleadh mu thimchioll. Tha an *t-uachdaran ag radh* gu 'm buin an raon domhsa fhad sa chuireas mi feum air air màl anabarrach eutrom. *Is leoir sin*

dhomhsa. Tha mi coma nis mu bharail duine sam bith. *Tha fhocal-san a cuir na h-uile ni gu taobh.*"

Cia liuthad anam bochd a tha cosmhuil ris an tuathanach so air a luasgadh agus air a shàrachadh le barailean dhaoine no le smuaintean agus faireachduinean a chridhe chealgaich féin; agus cuin a tha *cinnteas* a gabhail àite teagamh agus maith a dh' fheudte? Tha 'n uair a tha focal Dé air a ghabhail *mar fhocal De* 'N uair a tha Dia a labhairt *feumaidh* cinnteas a bhi ann maraon ann a bhi damnadh an ana-creidich agus a gealltainn slàinte shìorruidh do 'n chreideach.

"Gu bràth, a Thighearn' tha d' fhocal *seasmhach anns na neamhaibh*" (Salm cxix. 89); agus do 'n chreideach earbsach tha *fhocal-san a daingneachadh na h-uile ni.*

"An d' thubhairt e agus nach dean e? An do labhair e agus nach coimhlion se e?" Air. xxiii. 19.

"Ach ciamar a dh' fheudas mi a bhi cinnteach gu bheil an *creideamh ceart agam?*" Cha

'n 'eil ach aon fhreagairt do 'n cheisde so: am bheil do mhuinghin anns a *chuspair cheart* 's e sin am bheil do mhuinghin *ann am Mac siorruidh Dhe?*"

Cha 'n i a cheisd meud do chreidimh, ach *earbsachd a chuspair* anns am bheil do mhuinghin. Tha aon neach a gabhail greim bàis air Criosd. Tha neach eile agus cha 'n 'eil e ach a buntainn ri iomal a thrusgain, ach cha 'n 'eil an t-aon neach ni 's sàbhailte na an neach eile. Ràinig iad maraon air an aon fhìrinn, 's e sin ri ràdh, ged nach 'eil earbsa r' a chuir ann an ni sam bith a nithear leinn féin gu 'm feud neach a bhi làn mhuinghineach *'n a fhocal* agus e féin a làn shocrachadh air *an obair a chriochnaich e.* 'S e sin as ciall do bhi creidsinn *annsan.* "Gu deimhin, deimhin tha mi 'g ràdh riut, esan a chreideas Annamsa THA a bheatha mhaireannach aige." Eoin vi. 47.

Feuch, mata, am bi thu cinnteach, a leughadair, *nach bi* do mhuinghin 'g a socrachadh, *air d' oibribh ath-leasachadh, no air do dhleasnasan cràbhaidh, d' fhaireachduinean* 'n uair a

tha thu fo bhuaidh cùram diadhaidh, *d' fhògh-luim o t-oige*, agus a leithid sin. Feudaidh tu a *mhuinghin is treise* a bhi agad anns na nithe so agus a dhol a dhìth gu siorruidh. Na bi 'g ad mhealladh féin le "nithe sgiamhach mar sin anns an fheòil." *An creideamh is laige ann an Criosd* tearnaidh e gu sìorruidh; ach *an creideamh is treise ann an ni air bith eile* cha 'n 'eil ann ach toradh *cridhe air a mhealladh*—na geugan duilleagach leis am bheil do nàmhaid a folach o d' shealladh slochd na dòruinn siorruidh.

Anns an t-soisgeul tha Dia a cuir fa d' chomhar an Tighearna Iosa Criosd agus ag ràdh, "S e so *Mo* Mhac gràdhach anns am bheil mo mhòr thlachd." "Feudaidh tu bhi làn-mhuinghineach *'na chridhe-sa*, ged nach feud thu gun chall bhi muinghineach 'n ad chridhe féin." Beannaichte gu 'n robh thu a Thighearna Iosa, trì uairean beannaichte gu 'n robh thu. Co nach cuireadh a mhuinghin annadsa, agus nach moladh d' ainm!

"Tha mi da rireadh a creidsinn ann," arsa

caileag òg rium le aghaidh dheurach, "ach cha 'n àill leam a ràdh *gu bheil, air eagal gu 'm bithinn ag innseadh na breige.*" B' e nighean feòladair a bh' innte ann am baile beag an Sasunn. B' e là féille a bh' ann, agus cha robh a h-athair air tighinn dachaidh o'n fhéill. "A nis," arsa mise rithe, "theagamh an uair a thig d' athair air ais o 'n fhéill gu 'm feòraich thu dheth, ciod an àireamh chaorach a cheannaich sibh an diugh, agus gu 'n abair e, "*deich.*" Ach beagan an déigh so thàinig duine steach do 'n bhuth a thubhairt 'ciod an àireamh chaorach a cheannaich d' athair an diugh,' fhreagair thusa, 'cha 'n àill leam innseadh air eagal 's gu 'm bithinn ag innseadh na bréige.' Ars' a màthair, 's i freagairt le diomb, "ciod sin ach breugaire a dheanamh de d' athair."

"Nis, a leughadair, nach 'eil thu faicinn gu 'n robh a chaileag òg so, ged nach e sin a bha air a h-aire, a deanamh breugaire de Chriosd, le bhi 'g ràdh "tha mi creidsinn ann an Criosd agus tha E ag ràdh gu bheil a bheatha mhaireannach agam ach cha 'n àill

leam a ràdh *air eagal 's gu 'n innsinn breug.*"

"Ach," arsa neach eile, "*cia mar a tharras mi a bhi cinnteach gu bheil mi creidsinn da rireadh?* Thug mi *ionnsuidh* ioma uair air a bhi creidsinn, agus thug mi *suil a steach a dh' fheuchainn an robh e agam,* ach mar is mo a sheall mi air mo chreideamh, 's ann is lugha a bha mi faicinn deth agam.

A charaid, 's ann a tha thu 'g amharc 's an àite dhochair gu bhi faotainn *sin* a mach; agus 'n uair a tha thu 'g ràdh gu bheil thu *a toirt ionnsuidh air a bhi creidsinn* tha thu leigeadh ris gu soilleir gu bheil thu air a cheum dhochair.

Bheir mi ni eile fa d' chomhair le sùil solus a chuir air an ni a tha air m' aire. Tha thu suidhe aig do shocair am bun an teine aon oidhche agus thàinig duine a steach a dh' innis gu 'n deach fear-coimhead a *station* a mharbhadh air an rathad iarruinn air an oidhche sin féin.

Abair a nis gu 'n robh an duine so a thug an sgeul thugad aithnichte mar fhear mi-onor-

ach, agus mar am breugaire is mò a bha 's a choimhearsnachd. An creideadh tu an duine so, no an d' thugadh tu *ionnsuidh air a chreidsinn?*

"Tha fhios nach creideadh," tha thu 'g ràdh.

"C' arson?"

"Tha mi *ro eolach* air *mo dhuine* air son sin."

"Ach innis domh cia mar a ta fios agad nach 'eil thu 'g a chreidsinn. 'N ann le bhi sealltainn a steach ri d' chreideamh no ri d' fhaireachduin?"

"Cha 'n ann," tha thu ag ràdh, "*tha mo smuain air an neach a thàinig thugam leis an naigheachd.*"

Am mionaid 'n a dhéigh tha coimhearsnach eile teachd a steach agus ag ràdh, "chaidh 'n *train*-bhathair an nochd thairis air fear-coimhead a *station* agus chaidh a mharbhadh gun chrith." An déigh dha falbh, tha mi 'g ad chluinntinn ag ràdh gu faicilleach, "Mata tha mi nis 'g a chreidsinn *ann an cuid*, oir cho fad 's is cuimhne leam cha do mheall an duine so

riamh mi ach aon uair, ged a b' aithne dhomh e o òige."

Tha mi rithisd cuir na ceisde, "'n ann le bhi 'g amharc air do chreideamh a tha thu ag aithneachadh gu bheil thu 'g a chreidsinn ann an tomhais?"

"Cha 'n ann," tha thu 'g ràdh, "tha m' aire air cliù an fhir a thug an sgeul thugam."

Mu 'n gann a dh' fhàg an neach so do thigh thàinig neach eile leis an aon sgeul bhrònach. Nis tha thu ag ràdh, "*Iain, tha mi 'g a chreidsinn.* Chionns g' am bheil *thusa* 'g a innseadh dhomh *faraidh* mi a chreidsinn."

Tha mi sparradh mo cheisde (cha 'n 'eil innte, cuimhnich ach mactalla do cheisde féin), "Cia mar a tha *fios* agad gu bheil thu creidsinn a muigh 's a mach do charaid Iain?"

"Dìreach a thaobh *an duine a tha ann.* Cha do *mheall* e riamh mi agus cha chreid mi gu meall."

Air an dòigh cheudna mata *tha fhios agamsa gu bheil mi creidsinn an t-soisgeul;* 's e sin r' a ràdh do bhrigh a Neach a tha toint na

teachdaireachd am ionnsuidh. Ma ghabhas sinn ri fianuis *dhaoine* 's i fianuis *Dé* is mò; oir is i so fianuis Dé a *thug e mu thimchioll a Mhic An ti nach creid Dia rinn e breugaire dheth*, do bhrigh nach do chreid e an fhianuis *a rinn Dia* mu thimchioll a Mhic. 1 Eoin v. 9, 10. *Chreid* Abraham Dia agus mheasadh sin da mar fhìreantachd." Rom. iv. 3.

Thubhairt neach fo chùram anam uaireigin ri aon de theachdairean Chriosd, "O! *cha 'n urrainn domh creidsinn!*" 'S e am freagradh a thug an teachdair gu ciùin agus gu glic, "Seadh, agus *co* nach urrainn duit a chreidsinn?" Bhris so air ball am mealladh. Bha 'n neach so ag amharc air creideamh mar nitheigin nach gabh a chuir an céill an taobh a stigh dheth fhéin, le sùil a bhi uidheamaichte airson flaitheanais; an àite a bhi ag amharc a mach air pearsa beo, agus obair chriochnaichte-sa, agus a bhi 'g éisdeachd gu sèimh ri fianuis an Dé a tha dìleas mu 'n timchioll maraon.

'S ann le bhi *sealltuinn a mach* a thig *sith*

a steach. 'N uair a thionndaidheas duine aghaidh ris a ghréin *tha fhaileas* air a chùlthaobh. Cha 'n 'eil e comasach duit sealltainn ort féin agus air Criosd air a ghlòireachadh aig an aon àm.

Mar so tha sinn a faicinn gur e PEARSA beannaichte Mac Dhé a tha cosnadh mo mhuinghin. *'Se* OBAIR CHRIOCHNAICHTE bonn mo thearnaidh shiorruidh. THA FOCAL DE *a thaobh na muinntir a tha creidsinn ann* 'g am fhàgail tur cinnteach. Tha mi faotainn ann an Criosd agus 'n a obair, *slighe na Slàinte*, agus tha mi faotainn ann am focal Dé *eòlas na Slàinte.*

"Ach ma tha mise air mo thearnadh," feudaidh neach a ràdh; "cia mar tha m' fhaireachduinean cho caochlaideach ; cia mar a tha mi call mo ghàirdeachais agus mo shòlais agus a fàs cho di-mhisneachail 's a bha mi roimh m' iompachadh?" Tha so mata 'g ar toirt a dh' ionnsuidh an dara puinc, 's e sin r' a ràdh :

GAIRDEACHAS AN TEARNAIDH.

Gheibh thu ann an teagasg nan Scriobturan,

am feadh a tha thu air do *thearnadh* air bonn *oibre Chriosd*, agus do thearnadh *cinnteach* le *focal Dè*, gu bheil thu air do choimhead ann an sòlas agus ann an gàirdeachas *leis an Spiorad Naomh* a tha gabhail còmhnuidh anns gach neach a tha air a thearnadh.

A nis, feumaidh tu cuimhneachadh gu bheil aig gach neach a tha air a thearnadh *an fheoil fathast maille ris*; 's e sin an nàdur aingidh a rugadh leis mar dhuine nàdurra, agus a bha 'g a thaisbeanadh féin ann, maith dh' fheudte 'n uair a bha e na chiochran lag ann an uchd a mhàthair. Tha 'n Spiorad Naomh anns a chreideach a cuir an aghaidh na feòla, agus tha e air *a chràdh* le a gluasadan uile ann am faireachduin, focal agus gniomh. 'N uair a tha 'n creideach a gluasad *gu cubhaidh do 'n Tighearna*, tha an Spiorad Naomh a toirt a mach 'n a anam a thoraidhean beannaichte, "gràdh, aoibhneas, sìth, agus a leithid sin. Faic Gal v. 22. 'N uair a tha e gluasad ann an rathad feolmhor, saoghalta tha 'n Spiorad air *a chràdh* agus tha na toraidhean so, ann an tomhais

bhig no mhòir a fàilneachadh.

Cuiream a chùis air an dòigh so dhuibhse a tha creidsinn ann am Mac Dhé:

Tha

Obair Chriosd agus Bhur tearnadhsa } a seasamh no tuiteamh maille r'a chéil'.

Tha

Bhur giùlan agus Bhur gàirdeachas } a seasamh no tuiteam maille r'a chéile.

'N uair a dhiobras *obair Chriosd* (agus beannaichte gu 'n robh Dia, cha tachair sin *gu siorruidh*) *diobraidh ur slàintesa* maille ris. 'N uair a dhiobras ur *giulan* (agus bithibh caithriseach, oir *feudaidh sin tachairt*) diobraidh *ur gàirdeachas* maille ris.

Mar so tha e air a ràdh mu thimchioll nan deisciobuil air tùs, gu 'n "*do ghluais iad ann an comh-fhurtachd an Spioraid Naoimh.*" Gniomh. ix. 21.

Agus a rithisd "lionadh na deisciobuil le

gàirdeachas agus leis *an Spiorad Naomh.*" Gniomh. xiii. 52.

Bithidh n' aoibhneas spioradail a réir spioradalachd mo ghluasaid an déigh dhomh a bhi air mo thearnadh.

Am bheil thu a nis a tuigsinn do mhearachd? Bha thu measgadh an ceann a chéile do *shonas* agus do *thearuinteachd*, da ni a tha fada dealaichte o chéile. 'N uair a bha thusa le féin-riarachadh, crosdachd, saoghaltachd agus a leithid sin, a cràdh an Spioraid Naoimh, agus mar so a call do shonuis, shaol thu gu 'n robh do thearuinteachd a tuiteam gu làr. Ach a rithisd tha mi 'g ràdh riut—

Gu'm bheil do thearuinteachd an crochadh ri obair Chriosd air do shon.

Gu'm bheil do chinnteas an crochadh ri focal Dé DHUIT.

Gu'm bheil do ghàirdeachas an crochadh ri so, nach bi thu cràdh an Spioraid Naoimh ANNAD.

Mar leanabh Dhé 'n uair a tha thu deanamh ni sam bith a chuireas campar air Spiorad

Naomh Dhé, tha do chomunn ris an Athair agus ris a Mhac ann an tomhais a sguir, agus cha bhi gàirdeachas do chomuinn air aisig gus an toir thu breth ort féin agus gu 'n aidich thu do pheacadh.

Faic mar a tha cùisean eadar thu féin agus do leanabh. Rinn e rud-eigin dochar. Chi thu air a ghnùis gu bheil ni-eigin a cuir air. Leth-uair roimhe so bha e gabhail cuairt maille riut anns a ghàradh, air a thogail leis na nithe leis an robh thu féin air do thogail, a gabhail toil-inntinn anns na nithe anns an robh thu féin a gabhail toil-inntinn. An cainnt eile bha e ann *an comuinn riut;* bha aignidhean agus a cho-fhaireachduin còrdadh ri d' fheadh-ainn fhéin.

Ach feuch a nis an t-atharrachadh, na leanabh eas-umhal, tha e seasamh ann an cùil, dealbh na trioblaid. Cho luath 's a thàinig e le aithreachas agus aideachadh air a mhighniomh thug thu cinnte dha air maitheanas, ach tha uiread a dh' àrdan agus a dh' fhéinthoil air a shiubhal 's gu 'm bheil e seasamh

fathasd an sud a sior chaoineadh.

C' àit' a nis a bheil an t-aoibhneas a bha aige beagan ùine roimhe so? Dh' fhalbh e. C' arson? Chionn gu 'n d' thàinig an comunn a bha eadar thusa agus esan gu crioch.

Ach ciod a thachair do 'n daimh a bha eadar thusa agus do leanabh leth-uair roimhe so? An d' fhalbh sin? Tha fhios nach d' fhalbh.

Tha a dhaimh an crochadh *ri a bhreth.*

Tha a chomunn an crochadh *r' a ghiulan.*

Ach tàmh ort, tha e tighinn as a chùil a dh' aithghearr le toil cheannsaichte agus le cridhe briste ag aideachadh uile gu h-iomlan, air dhòigh 's gu bheil e soilleir gu bheil fuath aige d'a eas-ùmhlachd agus d'a dhroch gniomh cho cinnteach 's a tha agad féin; an sin gabhaidh tu e 'n ad ghàirdeanan agus pògaidh tu e. Tha a nis a *ghàirdeachas* air aisig, do bhrigh 's gu bheil a *chomunn* air a toirt air ais.

'Nuair a pheacaich Daibhidh ann an dòigh cho cudthromach a thaobh mna Uriah, cha d'thubhairt e "aisig dhomh *do shlàinte*," ach "aisig dhomh *gàirdeachas do shlàinte.*" Salm li. 12.

Gu beagan soluis fathasd a chur air so, abair 'n uair a bha do leanabh anns a chùil gu 'n d' éirich glaodh mu d' thimchioll "*tha 'n tigh na theine,*" agus ciod a dh' éireadh dha an sin? Am fàgadh tu e anns a chùil gu bhi air a losgadh anns na lasraichean? Tha fhios nach fhàgadh!

An àite sin 's e is dòcha gur e 'n dearbh cheud neach air an gabhadh tu greim gu a shaoradh o chunnairt. O, seadh, 's maith is aithne dhuit gur h-aon ni *gràdh daimhe,* agus gur ni eile *gàirdeachas comuinn.*

Uime sin 'n uair a tha 'n creideach a peacachadh tha 'chomunn car ùine a sguir, agus a ghàirdeachas air a chall, gus am bheil e teachd chum an Athar le cridhe briste a dh' aideachadh a pheacaidhean.

A gabhail Dhé an sin air fhocal féin tha fhios aige gu bheil e air faotainn maitheanais as ùr; oir tha fhocal gu soilleir a cuir an céill "ma dh' aidicheas sinn ar peacanna tha esan *dileas* agus *ceart* chum ar peacannan a mhaitheadh dhuinn, agus ar glanadh o gach uile neo-

fhìreantachd." 1 Eoin i. 9.

Oh, mata, a leinibh ionmhuinn Dhè, cum ann ad chuimhne a ghnàth *nach 'eil ni cho làidir ri dual an daimhe* agus nach 'eil *ni cho caoin ri dual a chomuinn.*

Ged a rachadh uile chumhachd na talmhainn agus na h-Ifrinn an co-bhoinn, cha 'n 'eil e 'n an comas dual an daimhe a bhristeadh, ach feudar dual a chomuinn a bhristeadh le iarrtas neo-ghlan no le focal diomhain.

Ged nach biodh tu ach leth-uair fo neul, gabh beachd air do shlighean agus crom sios am fianuis Dé. Agus 'n uair a dh' amaiseas tu air a mhearlach *a ghoid do ghàirdeachas uait*, slaod leat a dh' ionnsuidh an t-soluis e, aidich do pheacadh do Dhia, d' Athair, agus thoir breth ort féin gu cruaidh air son an staid anaim neo-chathrisich agus neo chùramaich a leig a steach e a dh' ionnsuidh d' anaim. Ach air son na chunnaic thu riamh na meas do *ghàirdeachas*, mar do *thearuinteachd.*

Aig an àm cheudna na smuainich thusa gu bheil breitheanas Dhé a tuiteam aiteal ni 's

eutroma air peacaidhean a chreidmhich na air peacaidhean an ana-creidmhich. Cha 'n 'eil aig Dia da rathad deiligidh ri peacadh ann a bhi toirt breith air; cha 'n 'eil e comasach do Dhia gabhail seachad air peacaidhean a chreidmhich gun breith a thoirt orra, ni 's mo no air peacaidhean fear diùltaidh a mhic gràidh. Ach tha 'n t-atharrachadh mòr so eadar an dithis; bha peacaidhean a chreidmhich uile aithnichte do Dhia, agus bha iad uile air an càradh air an Uan a dh' ullaich e féin 'n uair a chaidh a cheusadh air Calbhari, agus do thaobh "*ceisde cionta*" a chreidmhich chaidh sin a thogail agus a chuir gu taobh aon uair; agus gu siorruidh 'n uair a thuit breitheanas air an urras bheannaichte "a ghiùlan ar peacaidhean e féin 'na a chorp féin air a chrann." 1 Pead. ii. 24.

Ach a thaobh fear-diùltaidh Chriosd feumaidh e *a pheacadh féin* a ghiulan 'na a chorp féin anns an loch-theine gu sìorruidh. A nis 'n uair a tha neach a chaidh a thearnadh a dìobradh cha 'n fheud *ceisd do thaobh peac-*

aidh a bhi air a togail 'n a aghaidh do bhrigh 's gu 'n do chuir am breitheamh e féin sin gu taobh air a chrann ceusaidh, ach tha ceisd *a chomuinn air a togail an taobh a stigh dheth* leis an Spiorad Naomh cho tric 's tha e cràdh an Spioraid.

Ceadaich dhomh anns a cho-dhunadh samhladh eile a thoirt dhuit. Tha oidhche chiatach ann le solus geallaich. Tha a gheallach aig a làn agus a dealrachadh gu h-àluinn le solus mar airgid. Tha duine an sud ag amharc gu dùrachdach sios ann an tobair dhomhain far am bheil e faicinn dealbh na geallaich anns an uisge, agus, ars' esan ri fear a bha 'n taice ris, "cia cho àluinn agus cho cruinn sa tha i nochd; cia cho ciùin agus cho riomhach sa tha i gabhail a turuis! Cha bu luaithe a labhair e na thilg a charaid clachag anns an tobar. "Ciod e so," ars' an duine a nis, tha a gheallach air a briseadh 'n a bloighdibh agus tha na bloighdean air an crathadh a measg a chéile ann an troimh chéile mhòr!"

"Am bheil thu 'n ad chiall," ars'a charaid,

"*seall suas, a dhuine!* cha d' thàinig aiteal a dh' atharrachadh air a gheallaich. *'S e suidheachadh an tobair* anns am bheil thu 'g a faicinn a dh' atharraich."

A nis a chreidmhich dean caradh air an t-samhladh simplidh so. 'S e do chridhe an tobar. 'N uair nach 'eil thusa ceadachadh an uile tha spiorad beannaichte Dhé a gabhail glòir agus luachmhorachd Chriosd agus 'g am foillseachadh dhuitse chum do chomhfhurtachd agus d' aoibhneas. Ach a cheart cho luath 's a tha droch chrioch a faotainn caidreadh ann ad chridhe no focal diomhain a teachd a mach as do bhilean tha an Spiorad Naomh a cur an tobair troimh chéile, tha d' fhaireachduinean taitneach air am bristeadh 'n am bloighdibh, tha thu an-shocrach 's an taobh stigh, agus mar sin bithidh tu gus an tig thu le cridhe aithreachail am fianuis Dé a dh' aideachadh do pheacaidh a thug so ort, agus a dh' fhaotainn air ais aon uair eile aoibhneas ciùin milis do chomuinn.

A nis 'n uair a tha do chridhe mar so làn

trioblaid an ruig mi leas feòrachadh dhiot "*an d' atharraich obair Chriosd?*" Tha fhios nach d' atharraich, agus uime sin cha d' atharraich do *thearnadh*-sa.

An *d' atharraich Focal Dhé?* Cha d' atharraich, cha d' atharraich. Uime sin cha d' fhuair *cinnteas do thearnaidh* crathadh sam bith.

Ciod mata a dh' atharraich ? Dh' atharraich obair an Spioraid Naoimh annad, agus an àite bhi gabhail de ghlòir Chriosd agus a lionadh do chridhe le mothachadh *air* airidheachd-sa, tha e air a chràdh 'n uair a tha e air a thoirt gu bhi tionndadh a thaobh o 'n obair thaitneach so gu bhi 'g ad lionadh-sa le mothachadh air do *pheacadh* agus air do *neo-airidheachd.*

Tha e toirt uait do chomhfhurtachd agus d' aoibhneas gus am bheil thu toirt breith air an olc sin agus a cuir na aghaidh, air am bheil Dia toirt breth agus a cuir 'na aghaidh. 'N uair a tha so deanta tha comunn ri Dia air aisig air ais.

An Tighearn' gu 'n dean sinne ni 's eud-

mhoire os ar cionn féin air eagal 's gu 'n cuir sinn cràdh air "Spiorad Naomha Dhé leis am bheil sinn air ar seuladh gu là na saorsa." Eph. iv. 30.

A leughadair ionmhuinn, air cho lag 's a tha do chreideamh bi làn chinnteach de so, an *Ti beannaichte* a choisinn do mhuinghinn nach atharraich e gu sìorruidh.

"Iosa Criosd an de agus an diugh agus GU SIORRUIDH an Ti ceudna." Eabh. xiii. 8.

An obair a chriochnaich e cha chaochail i.

"Ge b' e ni a rinn Dia bithidh e buan gu siorruidh; cha 'n fheudar ni sam bith a chuir ris, no thoirt uaithe." Ecles. iii. 14.

Am focal a labhair esan cha chaochail gu bràth.

"Seargaidh am feur, agus tuitidh a bhlàth dheth; ach fanaidh focal an Tighearna gu siorruidh." 1 Pead. i 24.

Tha mar so *cuspair m' earbsa, bunaid mo thearuinteachd, agus bonn mo chinnteas* GU SIORRUIDH NEO-CHAOCHLAIDEACH.

"'S iosal mo ghràdh gu tric,
M' aoibhneas a dol 's a teachd ;
Ach sìth le Dia cha charaich i,
Cha chaochail Dia nam feart.

Caruichidh mis—cha charaich es';
Criosd Dhia cha 'n fhaigh E bàs ;
'S e *ghràdh 's e féin* is m' àite-fois ;
'S e *fhìrinn* 'n ceangal gràis."

Aon uair fhathasd tha mi feòrachadh dhiot, "CIA AM BUIDHEANN MAILLE RIS AM BHEIL THU GABHAIL DO THURUIS?" Tog do chridhe ri Dia guidheam ort agus thoir freagairt na ceisde *Da-san.*

"*Biodh Dia fìor* agus gach duine na bhreug-*aire.*" Rom. iii. 4.

" Esan a ghabh fhianuis-san chuir e a sheula ris gu bheil *Dia fìor.*" Eoin iii. 33.

Gu 'n robh agadsa, a leughadair ionmhuinn, an dearbhadh aoibhneach gu 'm buin an "t-slàinte mhòir" so dhuit féin a nis agus "gus an tig E."

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

ILLUSTRATED MONTHLY PERIODICALS.

THE BRITISH MESSENGER.

16 Pages. Devoted to the deepening of religious life amongst God's people, and the presentation of Gospel truth in simple and popular form to the unconverted. Price One Penny. 1 copy monthly, 1/6; 4 copies, 4/; 8 copies 8/, and upwards, sent post free.

THE GOSPEL TRUMPET.

8 Pages. Short, stirring articles on religious subjects; printed in large type, and specially adapted for aged readers and others who can read but little. Price One Halfpenny, or 3/6 per 100. 8 copies monthly, 4/ per annum; 16 copies, 8/, and upwards, sent post free.

GOOD NEWS.

Suitable for circulation amongst Sabbath scholars, also admirably adapted for mission districts, and general distribution. Price One Halfpenny, 3 copies for 1d., or 2/6 per 100. 18 copies monthly, 6/ per annum: 36 copies, 12/, and upwards, sent post free.

THE HALF-CROWN PACKET, consisting of one *British Messenger*, one *Gospel Trumpet*, and one *Good News*, monthly for one year, for 2s. 6d., including postage, to any address in the United Kingdom.

THE FOUR SHILLING PACKET, consisting of two *British Messengers*, two *Gospel Trumpets*, and three *Good News*, monthly for one year for 4s., post free, to any address in the United Kingdom.

DRUMMOND'S TRACT DEPOT, STIRLING.

THE STIRLING REWARD CARDS.

In Packets at 6d. Each.

BIBLE COUNSELS.—Packet 1, containing 900 Cards.
,, ,, — ,, 2, ,, 900 ,,
With Floral Designs, printed in Colours.

GOLDEN WORDS.—Packet 1, containing 96 Cards
,, ,, — ,, 2, ,, 96 ,,

In Sheets 2d. each, or Three Sheets for 6d., post free.

1. BIBLE PRECEPTS, No. 1, containing 162 cards on sheet
2. ,, ,, ,, 2, ,, 162 ,, ,,
3. BIBLE MOTTOES, ,, 1. ,, 104 ,, ,,
4. ,, ,, ,, 2, ,, 104 ,, ,,
5. BIBLE PRAYERS, ,, 1, ,, 128 ,, ,,
6. ,, ,, ,, 2. ,, 128 ,, ,,
7. BIBLE SEED, ,, 1, ,, 192 ,, ,,
8. ,, ,, ,, 2, ,, 192 ,, ,,
9. BIBLE PROMISES, ,, 1, Floral Designs, printed in Colours, 72 Cards on Sheet.
10. ,, ,, ,, 2. ,, 72 ,,
11. BIBLE LIGHT, ,, 1, ,, 28 ,,
12. ,, ,, ,, 2, ,, 28 ,,
13. BIBLE WARNINGS, ,, 1. ,, 25 ,,
14. ,, ,, ,, 2. ,, 25 ,,
15. BIBLE GLADNESS, ,, 18 ,,
16. BIBLE LEADING, ,, 21 ,,
17. BIBLE LOVE, ,, 32 ,,
18. BIBLE HELP, ,, 32 ,,
19. BIBLE HOLINESS, ,, 18 ,,
20. BIBLE GRACE, ,, 24 ,,
21. BIBLE THANKSGIVING, ,, 36 ,,
22. BIBLE JOY, ,, 56 ,,

DRUMMOND'S TRACT DEPOT, STIRLING.

FLORAL WALL CARDS.

New Series of Large Cards, with beautiful design in Chromo-Lithography. Suitable for Schoolrooms, Nurseries, Bedrooms, Hospitals, &c. 2*d*. each.

1. Six Short Rules for Young Christians.
2. Rules for Daily Life.
3. Oh! for a Perfect Trust.
4. Peace, Perfect Peace.
5. Pray, Always Pray.
6. I Need Thee, Precious Jesus.
7. Seed-Time.
8. "Only Just Tell."
9. Lean Hard.
10. Answer to "Lean Hard."
11. Freely and Fully.
12. "Who Loved Me."

Packets 1 and 2, each containing six Floral Wall Cards, 1s. per packet.

DRUMMOND'S TRACT DEPOT, STIRLING.

GOSPEL BOOKS.

32 Pagss, One Shilling per dozen.

BY REV. HORATIUS BONAR, D. D.

"Bruised for Our Iniquities."
"In Him is Life." Illustrated.
Make Haste! Illustrated.
The King's Ring.

By Rev. George Everard, M.A.

A Christian's Prayer in Six Words.
All for Christ.
At the Mercy-Seat; or, Mistakes about Prayer.
Can You Say, "My?"
Clinging and Climbing. Illustrated.
"Are You One of the Royal Family?" Illustrated.
Crossing the Bridge.
Deepen the Wall.
Do It Now.
Everlasting Consolation.
"Give Me Five Minutes."
"Much Fruit." A Word to Christians.
Nearer to Thee.
No Refuge but Jesus.
Shine as Lights,
The Blood More Precious than Gold.
The Door Open and the Door Shut.
The Four "Alls."
The Four Looks.
The Heavenly Ladder.
The Master's Knock.
"Where Next?"

DRUMMOND'S TRACT DEPOT, STIRLING.